

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Còd Giùlain nam Ball

Aontaichte aig coinneamh a' Bhùird air 24 Giblean 2008

1	EARRANN 1: RO-RÀDH A' CHÒD GIÙLAIN	4
2	EARRANN 2: PRIONNSABALAN A' CHÒD – INBHEAN ANN AM BEATHA PHOBLAICH	4
3	EARRANN 3 – CÙISEAN OBRACHAIDH	6
4	EARRANN 4 - COMATAIDHEAN AGUS FO-CHOMATAIDHEAN	6
5	EARRANN 5 – GNÌOMHAN POILEATAIGEACH	6
6	EARRANN 6 - DÌOMHAIREACHD	6
7	EARRANN 7 – DÀIMH RIS AN ROINN SPONSAIREACHD	7
8	EARRANN 8 -DLEASTANAS CATHRAICHE GMS	7
9	EARRANN 9 –UALLAICHEAN CORPORRA BULL A' BHÙIRD	8
10	EARRANN 10 – CLÀRADH CHOM-PÀIRTEAN	9
11	EARRANN 11: FOILLSEACHADH CHOM-PÀIRTEAN	13
12	EARRANN 12 - FOILLSEACHADH	15
13	EARRANN 13 - BU Aidh FOILLSEACHAIDH	16
14	EARRANN 14 - TIODHLACAN AGUS AOIGHEACHD	16
15	EARRANN 15 - COSGAISEAN AGUS SIUBHAL	17
16	EARRANN 16 – RIATANASAN DÌOMHAIREACHD	18
17	EARRANN 17 - CLEACHDADH GOIREASAN LE BUIDHEANN POBLACH ...	18
18	EARRANN 18 – CUR AN DREUCHD AIR BUIDHNEAN COM- PÀIRTEACHAIS	18
19	EARRANN 19 – COITEACHADH AGUS CONALTRADH RI BULL BHUIDHNEAN POBLAICH	19
20	EARRANN 20 – DÌON DÀTA	20
21	EARRANN 21 – BUAILTEACHD BHALL	20
22	EARRANN 22 – CUNNTACHALACHD AIRSON MAOINEAN POBLACH	21
23	EARRANN 23 – AITHISG AGUS CUNNTASAN BLIADHNAIL	21
24	EARRANN 24 – AN CEANNARD	21
25	EARRANN 25 – AM BÒRD MAR FHASTAICHE	22
26	PÀIPEAR-TAICE A	24

1 **Earrann 1: Ro-ràdh a' Chòd Giùlain**

- 1.1 'S e adhbhar a' chòd seo fiosrachadh a thoirt mun ìre seirbheis agus giùlain a thathar a' sùileachadh bho Bhuill Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (GMS). Bu chòir an còd seo a leughadh còmhla ri Gnàth-riaghailtean GMS [*agus Meòrachan Ionmhasail GMS*]. [*Bu chòir do neach sam bith air a cho-thaghadh gu comataidh no fo-chomataidh sam bith aig GMS an còd a leughadh agus a thuigsinn*].
- 1.2 Tha a' mhòr-shluagh a' sùileachadh ìre àrd obrach agus dòigh-giùlain bho dhaoine a tha nam buill de bhùird bhuidhnean poblach nuair a tha iad a' coileanadh an dleastanasan don bhuidhinn phoblaich sin. Thathar a' sùileachadh gun coinnich Buill ri na thathar a' sùileachadh bhuapa le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an giùlan neo-choireach.
- 1.3 Tha e an urra ri Buill GMS fa leth gum bi fios aca air ullachaidhean a' Chòd seo, agus an làn choileanadh. Feumaidh a h-uile Ball obrachadh ann an deagh rùn agus airson math GMS. Chan eil ball sam bith ceadaichte aig àm sam bith cùis an aghaidh a' Chòd seo a mholadh no a bhrosnachadh.
- 1.4 Chaidh an còd a dhealbh a rèir prìomh luachan na Seirbheis Phoblaich a gheibhear ann am pàipear-taice A. Tha an còd cuideachd a' toirt fiosrachadh a bharrachd mu mar a bu chòir na prionnsabalan a bhith air am mìneachadh agus air an cur an gnìomh.
- 1.5 Chan urrainn do chòd sam bith ullachadh airson a h-uile suidheachadh agus mur eil ball cinnteach ciamar a chleachdar na riaghailtean, bu chòir dhaibh comhairle iarraidh. Faodaidh Buill bruidhinn ris an luchd-comhairleachaidh laghail aca fhèin agus, airson mion-chùisean ionmhais agus malairt, comhairle iarraidh bho luchd-proifeiseanta iomchaidh eile.

2 **Earrann 2: Prionnsabalan a' Chòd – Inbhean ann am Beatha Phoblaich**

- 2.1 Ann an coileanadh dleastanasan co-cheangailte ri GMS thathar a' sùileachadh gun cùm Buill ri *Seachd Prionnsabalan na Beatha Poblach* mar a chaidh am mìneachadh le Comataidh Inbhean ann am Beatha Phoblaich. Tha na prionnsabalan sin air am foillseachadh ann am Pàipear-taice A. Ann a bhith a' leantainn nam prionnsabalan sin feumaidh Buill a' Bhùird dèanamh cinnteach:
- 2.1.1 gun cùm iad ri na h-ìrean freagarrachd as àirde a' gabhail a-steach neo-chlaonachd, ionracas agus neo-eisimeileachd an co-cheangal ri stiùbhardachd maoinean poblach agus stiùireadh GMS;

- 2.1.2 nach dèan iad mì-fheum de fiosrachadh a fhuair iad fhad 's a bha iad ann an seirbheis phoblach airson buannachd dhaibh fèin no airson adhbhar poileataigeach, no feuchainn ris a' chothrom a bhith ann an seirbheis phoblach a chleachdadh airson adhartachadh air an com-pàirtean prìobhaideach no com-pàirtean dhaoine, chompanaidhean, ghnìomhachasan no bhuidhnean eile ris a bheil ceangal aca;
- 2.1.3 gun obraich iad a rèir an lagha, math a' phobaill, agus ùidhean sònraichte na coimhearsnachd dom bheil GMS a' toirt seirbheis;
- 2.1.4 gun seachain iad strì eadar com-pàirtean pearsanta Bhall agus coileanadh an dleastanasan poblach;
- 2.1.5 gum bi co-dhùnaidhean a rèir airidheachd a-mhàin agus nach fheuch iad tro choileanadh an dleastanasan ri buannachdan corporra fhaighinn dhaibh fèin, an teaghlaichean no an caraidean;
- 2.1.6 nach robh co-dhùnadh, no beachd, sam bith fhad 's a bhathar an sàs ann an dleastanasan GMS air an dèanamh le dòchas no dùil ri cosnadh san àm ri teachd le companaidh no buidheann sònraichte no ri buannachd ionmhasail do bhuidheann sam bith ris a bheil ceangal aca;
- 2.1.7 gum dèan iad cinnteach nach eil iad fo dhleastanas ionmhasail no eile do neach no buidheann sam bith a shaoilear a bheireadh buaidh air coileanadh an dleastanasan;
- 2.1.8 gum meudaich iad luach an airgid le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean air an lìbhrigeadh anns an dòigh as cunntaiche agus as èifeachdaiche taobh a-staigh an stòrais a tha ri fhaotainn le, cho fad 's a ghabhas dèanamh, dearbhadh neo-eisimeileach air na chaidh a choileanadh. Bu chòir do Bhuill luach an airgid fhaicinn, chan ann mar a' phrìs as ìsle ach am measgachadh as fheàrr de chosgaisean agus càileachd na beatha gu lèir gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh;
- 2.1.9 gum foillsich iad com-pàirtean prìobhaideach sam bith co-cheangailte rin dleastanasan poblach;
- 2.1.10 gum bi iad cunntachail do Ofcom, a' Phàrlamaid, luchd-cleachdaidh sheirbheisean, daoine fa leth agus luchd-obrach airson gnìomhan GMS, an stiùbhardachd air maoinen poblach agus an ìre a chaidh coinneachadh ri prìomh thargaidean coileanaidh;
- 2.1.11 gum bi iad ag aontachadh agus ag obrachadh taobh a-staigh poileasaidh GMS air fosgarrachd agus follaiseachd agus a' feuchainn daonnan ri eisimpleir a thoirt seachad tron chleachdadh as fheàrr;

2.1.12 gun dèan iad cinnteach gun cùm iad riaghailtean a' Bhùird mu ghabhail thiodhlacan agus aoigheachd; agus

2.2 Bu chòir do Bhuill prionnsabalan a' chòd seo a chur an gnìomh nuair a tha iad a' riochdachadh GMS.

3 **Earrann 3 – Cùisean Obrachaidh**

3.1 'S ann air stèidh phàirt-ùine a bhios Buill a' toirt seirbheis agus cha bhiodh e iomchaidh dhaibh a dhol an sàs ann an stiùireadh làitheil GMS a bu chòir fhàgail aig a' Cheannard agus a luchd-obrach cho fad 's a ghabhas dèanamh taobh a-staigh frèam soilleir de smachd ro-innleachdail.

4 **Earrann 4 - Comataidhean agus Fo-chomataidhean**

4.1 'S dòcha gun co-dhùn am Bòrd, tron Ghnàth-riaghailt iomchaidh aig GMS, uallach airson cùisean sònraichte a thiomnadh gu Comataidhean no Fo-chomataidhean. Bu chòir co-dhùnaidhean Chomataidhean no Fo-chomataidhean a bhith air an clàradh ann an gearr-chunntasan sgrìobhte a gheibh gach Ball den Bhòrd.

5 **Earrann 5 – Gnìomhan Poileataigeach**

5.1 Air sgàth inbhe GMS mar sholaraidhe airgead Riaghaltais, cha bhiodh e iomchaidh gum biodh do Bhall sam bith an sàs ann am poileataics. Tha seo a' gabhail a-steach ballrachd Thaigh nan Cumantan, Phàrlamaid na h-Alba no na h-Eòrpa; no sireadh gabhail no taghadh mar thagraichean airson nam buidhnean sin aig an àm sin no san àm ri teachd; ballrachd ùghdarrasan ionadail; no tagradh airson taghadh gu ùghdarrasan ionadail ach a-mhàin comhairlean coimhearsnachd. Tha suidheachaidhean eile ann a tha airidh air beachdachadh sònraichte. Mar eisimpleir, far a bheil dreuchd aig neach ann am buidheann pàrtaidh poileataigeach, 's i a' phrìomh cheist an robh seo air fhaicinn mar cheum a dh'ionnsaigh taghadh mar thagraiche. Thathar ag iarraidh air Buill faighneachd don Chathraiche ma tha teagamh ann.

6 **Earrann 6 - Dìomhaireachd**

- 6.1 Cumaidh Buill ri poileasaidh Ofcom air dìomhaireachd a tha stèidhichte air Clàs 393 de Achd Conaltraidh 2003. Tha an clàs seo a' comharrachadh cuingeadan air sgaoileadh fiosrachaidh gun aonta bhon neach a thug seachad am fiosrachadh. 'S e eucoir a tha ann an sgaoileadh fiosrachaidh sam bith a bhriseas an t-ullachadh sin agus tha e buailteach do dhà bhliadhna prìosain agus/no càin. Bidh na cuingeadan sin, co-cheangailte ri fiosrachadh a fhuair iad fhad 's a bha iad ann an dreuchd, a' cumail a' dol an dèidh do Bhuill Bòrd GMS fhàgail.

7 **Earrann 7 – Dàimh ris an roinn sponsaireachd**

- 7.1 'S e Ofcom a bhios a' cur daoine an dreuchd air a' Bhòrd, le ùmhlachd do aonta Rùnaire na Stàite. Tha uallach air Ofcom airson suas gu 12 Buill a chur an dreuchd gu GMS.
- 7.2 Anns a' chumantas bidh conaltradh eadar GMS, Bòrd Ofcom, Rùnairean Stàite agus Ministearan na h-Alba tro Chathraiche GMS, no neach ainmichte a' Chathraiche.
- 7.3 Anns a' chumantas 's e an Ceannard no luchd-obrach eile le ùghdarras obrachadh às leth GMS a' phrìomh phuing conaltraidh eadar GMS agus luchd-obrach Ofcom.
- 7.4 Cumaidh Cathraiche agus Ceannard GMS coinneamh bhliadhnail le Ofcom. Cuiridh GMS a Phlana Gnìomh bliadhnail gu Ofcom airson aonta ro thoiseach gach bliadhna ionmhais.

8 **Earrann 8 - Dleastanas Cathraiche GMS**

- 8.1 Tha uallach shònraichte air Cathraiche GMS airson stiùireadh ro-innleachdail èifeachdach a thoirt mu chùisean mar:
- 8.1.1 cur ri chèile ro-innleachd a' Bhùird airson a dhleastanasan a choileanadh a rèir Achd Conaltraidh 2003 agus reachdas no Òrdugh leasachail sam bith a thèid a chur riutha;
- 8.1.2 brosnachadh ìrean àrda freagarrachd agus cleachdadh iomchaidh agus èifeachdach de luchd-obrach agus stòrasan eile tron bhuidheann gu lèir;
- 8.1.3 dèanamh cinnteach gun toir am Bòrd, ann an tighinn gu co-dhùnaidhean, aire do stiùireadh bho Ofcom agus 's dòcha bhon Mhinistear iomchaidh;
- 8.1.4 riochdachadh beachdan GMS don mhòr-shluagh; agus

- 8.1.5 toirt measadh air coileanadh Buill a' Bhùird fa leth, ma thèid iarraidh, nuair a thathar a' beachdachadh air an cur an dreuchd a-rithist mar bhall den Bhòrd no de bhòrd buidhne poblaich air choreigin eile.
- 8.2 Bu chòir don Chathraiche dèanamh cinnteach gun coinnich Bòrd GMS gu cunbhalach tron bhliadhna agus gum bi geàrr-chunntasan nan coinneamhan a' dèanamh clàradh pongail air co-dhùnaidhean agus, ma bhios e iomchaidh, beachdan Bhall fa leth den Bhòrd.
- 8.3 Anns a' chumantas bidh conaltradh eadar Bòrd GMS agus Ofcom, Rùnairean Stàite agus Ministearan na h-Alba tro Chathraiche no tron Ceannard ach a-mhàin far a bheil am bòrd air aontachadh gun obraich aon bhall às a leth. A dh'aindeoin sin, tha còir cothruim aig ball a dhol gu Ofcom no gu Ministearan mu chùis sam bith a shaoileas iad a tha a' togail ceistean cudromach co-cheangailte rin dleastanasan mar bhall den Bhòrd. Anns na cùisean sin sa chumantas bu chòir aonta nam ball eile iarraidh. Mar as trice 's e an Ceannard no luchd-obrach eile le ùghdarras obrachadh às leth GMS a' phrìomh phuing conaltraidh mu chùisean làitheil eadar buidheann GMS agus Ofcom.
- 8.4 Bu chòir don Chathraiche dèanamh cinnteach gum faigh Buill a' Bhùird uile, nuair a tha iad a' gabhail dreuchd, làn fhiosrachadh mu chumhachan na dreuchd agus mun dleastanasan, còraichean agus uallaichean. Bu chòir don Chathraiche agus gach Ball lethbhreac den chòd seo fhaighinn agus stuth iomchaidh eile mar Aithisg Bhliadhnail, Plana Gnìomh, Cunntasan Bliadhnail agus clàran structair eagrachaidh GMS.
- 8.5 Bu chòir do Chathraiche GMS iarraidh air Buill ùr a' Bhùird a dhol gu cùrsa inntigidh mu dhleastanasan Buill a' Bhùird do GMS.

9 **Earrann 9 –Dleastanasan corporra Buill a' Bhùird**

- 9.1 Tha dleastanas corporra aig Buill airson dèanamh cinnteach gun cùm GMS ri riatanasan reachdais no rianachd sam bith airson cleachdadh mhaoinean poblach. Tha dleastanasan eile a tha aig Buill a' Bhùird a' gabhail a-steach:
- 9.1.1 cuideachadh le cur ri chèile ro-innleachd a' Bhùird airson a dhleastanasan a choileanadh a rèir Achd Conaltraidh 2003 agus reachdas no Òrdugh leasachail sam bith a thèid a chur rithe;
- 9.1.2 dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri ìrean àrda de riaghladh corporra aig a h-uile àm;

- 9.2 stèidheachadh an fhrèam poileasaidh agus stòrais airson obair GMS agus stiùireadh ro-innleachdail iomlan na buidhne taobh a-staigh an fhrèam sin;
- 9.3 dèanamh cinnteach gum bi am Bòrd ag obrachadh taobh a-staigh crìochan ùghdarras reachdail agus ùghdarras tiomnaichte sam bith agus gum bi luchd-obrach cuideachd a' cumail taobh a-staigh crìochan ùghdarras tiomnaichte; agus
- 9.4 dèanamh cinnteach, ann an tighinn gu co-dhùnaidhean, gun tug am Bòrd aire do stiùireadh sam bith a fhuair a bho Ofcom.

10 Earrann 10 – Clàradh Chom-pàirtean

- 10.1 Chan fhaod ball le com-pàirt ann an cùis a tha ri dheasbad pàirt a ghabhail ann an deasbad buntainneach mur co-dhùn mòr-chuid de na buill eile a tha an làthair nach eil an com-pàirt cudromach.
- 10.2 Tha na paragrafan a leanas a' mìneachadh dè an seòrsa com-pàirtean, ionmhasail agus eile a dh'fheumas Buill a chlàradh. 'S iad sin "Com-pàirtean Ion-chlàraichte". Feumaidh Buill, aig a h-uile àm, dèanamh cinnteach gu bheil na com-pàirtean sin air an clàradh, nuair a tha Buill air an cur an dreuchd agus ma thig atharrachadh san t-suidheachadh aca a dh'iarras atharrachadh no cur ris a' chunntas aca ann an Clàr GMS.
- 10.3 Tha an còd seo a' suidheachadh nan roinnean de chom-pàirtean a dh'fheumas Buill a chlàradh. Ann am Pàipear-taice B tha mìneachaidhean cudromach a chuidicheas Buill a' co-dhùnadh dè tha riatanach nuair a tha iad a' clàradh chom-pàirtean fo roinnean fa leth. Tha na roinnean sin anns an liosta gu h-ìosal le notaichean mìneachaidh a tha dealbhte gus Buill a chuideachadh a' co-dhùnadh dè tha riatanach nuair a tha iad a' clàradh chom-pàirtean fo roinn shònraichte sam bith.

10.3.1 Roinn 1: Tuarastal

10.3.1.1 Tha com-pàirt ion-chlàraichte aig ball ma tha tuarastal aca mar thoradh air a bhith:

- (a) na fhastaiche;
- (b) fèin-fhastaichte;

- (c) ann an dreuchd;
- (d) na stiùiriche gnothachais;
- (e) na chom-pàirtiche ann an companaidh; no
- (f) an sàs ann an ceàird, dreuchd no obair sam bith eile.

10.3.1.2 A thaobh 10.3.1.1, chan fheumar an suim a chlàradh agus chan fheumar tuarastal a fhuairidh mar bhall a chlàradh.

10.3.1.3 Mur eil tuarastal an cois dreuchd chan fheumar a chlàradh fon roinn seo. Ach, 's dòcha gum feumar dreuchdan stiùiriche gun tuarastal an clàradh fo roinn 2, “Gnothachasan Co-cheangailte”.

10.3.1.4 Ma bhios ball a’ faighinn cuibhreannan co-cheangailte ri ballrachd ann am buidheann sam bith, feumaidh iad innse gu bheil iad a’ faighinn a’ chuibhrinn sin.

10.3.1.5 Nuair a thathar a’ clàradh cosnadh, feumaidh ball innse ainm an fhastaiche, an seòrsa gnìomhachais a tha ann, agus an seòrsa dreuchd a tha aige sa bhuidhinn.

10.3.1.6 Nuair a thathar a’ clàradh fèin-fhastadh, feumaidh ball ainm a’ ghnìomhachais innse agus mìneachadh air an t-seòrsa gnìomhachais. Nuair a thathar a’ clàradh com-pàirt ann an com-pàirteachas, feumaidh ball innse ainm a’ chom-pàirteachais agus an seòrsa gnìomhachais a tha ann.

10.3.1.7 Nuair a tha ball a’ gabhail ceàird no dreuchd, no obair sam bith eile, 's e an seòrsa gnìomhachais agus dè cho tric 's a tha e ga dhèanamh a dh’fheumar innse. Mar eisimpleir, ma bhios ball a’ sgrìobhadh airson pàipear-naidheachd, feumaidh e no i innse ainm a’ phàipeir, agus dè cho tric 's a tha e a’ sgrìobhadh airson pàigheadh.

10.3.1.8 Nuair a thathar a’ clàradh dreuchd stiùiriche, feumaidh ball innse ainm clàraichte a’ gnothachais anns a bheil an dreuchd aige agus an seòrsa gnìomhachais.

10.3.1.9 Chan fheumar peinnean a chlàradh oir tha seo taobh a-muigh na roinne seo.

10.3.1.10 Gu tric bidh ceanglaichean làidir aig Buill ri na meadhanan agus a’ cosnadh bith-beò ann an roinn nam meadhanan, agus 's dòcha gum bi cuid de chosnadh ceadaichte cho fad 's a tha e follaiseach agus clàrte, agus cho fad 's a thathar a’ foillseachadh

agus a' beachdachadh air strì eadar com-pàirtean sam bith ro gach nì buntainneach sa chlàr-gnothach. Feumar amharas de strì eadar com-pàirtean a sheachnadh agus feumaidh a h-uile suidheachadh pàighte ann am buidhnean a dh'fhaodadh buannachd bho mhaoineachadh GMS a bhith follaiseach agus air a chur sa chlàr chom-pàirtean poblach. Cha ghabh Buill pàirt ann an deasbadan no co-dhùnaidhean far am biodh amharas gu bheil iad ag obair às leth na buidhne aca fhèin agus buidhnean eile a' call a-mach.

10.3.2 **Roinn 2: Gnothachasan Co-cheangailte**

10.3.2.1 Feumaidh Buill dreuchdan stiùiriche sam bith a tha aca a chlàradh ged nach biodh iad pàighte air an son ma tha an companaidh (no gnothachas eile) sin na fho-chompanaidh, no ceann-bhuidheann de chompanaidh (no gnothachas eile) anns a bheil am ball ann an dreuchd stiùiriche le tuarastal.

10.3.2.2 Feumaidh Buill ainm an fho-chompanaidh no a' cheann-bhuidhinn no gnothachas eile agus an seòrsa gnìomhachais a chlàradh, agus a dhàimh ris a' chompanaidh no gnothachas eile anns a bheil e nan stiùiriche le tuarastal.

10.3.2.3 Buinidh na suidheachaidhean a leanas do 10.3.2.1 agus 10.3.2.3:

- (a) ma tha ball na stiùiriche air Bòrd gnothachais agus a' faighinn tuarastal – air fhoillseachadh fo roinn a h-aon; agus
- (b) ma tha ball na stiùiriche air ceann-bhuidheann no fo-ghnothachas ach gun tuarastal aige san dreuchd sin.

10.3.3 **Roinn 3: Cunnraidhean**

10.3.3.1 Tha com-pàirt ion-chlàraichte aig ball ma tha e no i (no companaidh anns a bheil am ball na chom-pàirtiche, no gnothachas anns a bheil e na stiùiriche no anns a bheil earrannan aige de luach mar a tha air a mhìneachadh ann an clàs 11.4.7) air cunnradh a dhèanamh ri GMS:

- (a) fom bheil bathar no seirbheisean rin toirt seachad, no iomairtean rin toirt gu buil; agus
- (b) nach eil air a làn choileanadh.

10.3.3.2 Feumaidh am ball tuairisgeal den chunnradh a chlàradh, le iomradh air an ùine a mhaireas an cunnradh, ach gun an suim a tha pàighte dha.

10.3.4 **Roinn 4: Taighean, Talamh agus Togalaichean**

10.3.4.1 Tha com-pàirt ion-chlàraichte aig ball far a bheil còir no com-pàirt sam bith eile aige no aice ann an taighean, talamh agus togalaichean, a dh'fhaodadh a bhith cudromach, buntainneach, no a' toirt buaidh air, obair agus gnìomhachd GMS.

10.3.4.2 Gus beachdachadh a bheil clàradh iomchaidh 's i a' cheist an saoiladh ball den phoball ag obair gu reusanta gum faodadh com-pàirtean sam bith ann an taighean, talamh agus togalaichean buaidh a thoirt air dleastanasan Buill do GMS agus don phoball, no air gnìomhan, òraidean no co-dhùnaidhean a' Bhuill.

10.3.5 **Roinn 5: Earrannan agus Bannan**

10.3.6 Tha com-pàirt ion-chlàraichte aig ball far a bheil com-pàirt aige no aice ann an earrannan ann an companaidh no buidheann a dh'fhaodadh a bhith cudromach, buntainneach, no a' bualadh air, obair agus gnìomhachd GMS. Chan fheum ball luach nan com-pàirtean sin a chlàradh.

10.3.7 Gus beachdachadh a bheil clàradh iomchaidh 's i a' cheist an saoiladh ball den phoball ag obair gu reusanta gum faodadh com-pàirtean sam bith ann an earrannan agus bannan a bhith comasach buaidh a thoirt air dleastanasan Buill do GMS agus don phoball, no air gnìomhan, òraidean no co-dhùnaidhean a' Bhuill.

10.3.8 Cha bu chòir do Bhuill seilbh sam bith a chumail (no an companaich no clann eisimeileach) no obair sam bith a dhèanamh a chì GMS mar strì eadar com-pàirtean neo-ionchaidh. Ach, chan eil buaidh aig riaghailtean ach air com-pàirtean anns na companaidhean le prìomh ghnothaichean (agus air an adhbhar sin prìs earrainn) air am faodadh co-dhùnaidhean GMS bualadh. No faodaidh com-pàirtean ris nach tèid gabhail a bhith air an cumail mar phàirt de urrasan aonaid far a bheilear cinnteach nach eil ùghdarras sam bith aig Buill thairis air poileasaidh seilbh, agus far nach eil an cumail a' riochdachadh ach pàirt beag den t-seilbh iomlan.

10.3.9 **Roinn 6: Com-pàirtean Neo-Ionmhasail**

10.3.10 Faodaidh com-pàirt ion-chlàraichte a bhith aig Buill cuideachd ma tha com-pàirtean neo-ionmhasail aca a dh'fhaodadh a bhith cudromach, buntainneach, no a' toirt buaidh air, obair agus gnìomhachd GMS. Tha e cudromach gum bi com-pàirtean buntainneach mar ballrachd no dreuchd ann am buidhnean poblach, clubaichean, comainn agus buidhnean eile mar aonaidhean ciùird agus buidhnean saor-thoileach, air an clàradh agus air am mìneachadh.

10.3.11 Gus beachdachadh a bheil clàradh iomchaidh 's i a' cheist an saoiladh ball den phoball ag obair gu reusanta gum faodadh com-pàirt neo-ionmhasail buaidh a thoirt

air dleastanasan Buill do GMS agus don phoball, no buaidh chorporra a thoirt air gnìomhan, òraidean no co-dhùnaidhean a' Bhuill.

11 **Earrann 11: Foillseachadh Chom-pàirtean**

11.1 Tha prìomh phrionnsabalan a' Chòd, gu h-àraidh an fheadhainn co-cheangailte ri ionracas, onair agus fosgarrachd, air an cur an gnìomh a-rithist leis gum feum Buill cuid de chom-pàirtean fhoillseachadh ann an cùisean GMS. Còmhla ri na riaghailtean mu chlàradh chom-pàirtean, tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirtean Bhall a dh'fhaodadh, no a shaoilear a dh'fhaodadh, buaidh a thoirt air an gnìomhan air am foillseachadh.

11.2 Tha fios gum bi Buill a' dèanamh gnothach ri iomadh seòrsa buidheann agus neach agus tha an còd seo a' comharrachadh nan suidheachaidhean anns am feumar com-pàirt gnìomhachais no pearsanta fhoillseachadh. Airson earbsa phoblach ann an GMS agus a bhuill feumaidh e a bhith aithnichte gu bheil co-dhùnaidhean air an dèanamh airson math a' phobaill agus gun adhbhar sam bith eile air an cùl .

11.3 Ann am beachdachadh am bu chòir foillseachadh a dhèanamh ann an cùisean sam bith, feumaidh Buill beachdachadh air chan e a-mhàin an toir an com-pàirt buaidh orra ach cuideachd an saoiladh neach sam bith eile gum faodadh an com-pàirt buaidh a thoirt air a' bhall. Feumaidh Buill cuimhneachadh gur i a' cheist an saoiladh ball den phoball, ag obair gu reusanta, gum faodadh com-pàirt sònraichte buaidh a thoirt orra.

11.4 Ma tha ball a' faireachdainn, a thaobh na cùise air a bheilear a' beachdachadh, nach biodh esan no ise a' frithealadh na coinneimh ach mar chom-pàirt bhall sam bith den phoball, no buailteach a bhith air a shaoilsinn ceàrr leis a' phoball, faodaidh e no i fuireach aig a' choinneamh agus pàirt a ghabhail anns na deasbadan agus bhòtadh. Ach feumar an com-pàirt buntainneach fhoillseachadh. Tha e an urra ris a' Bhall breithneachadh am feum an seòrsa buntainneas a tha aig a' chom-pàirt ri cùisean sònraichte a bhith air fhoillseachadh agus thathar a' comhairleachadh nam Ball fhoillseachadh. Ach tha e an urra ris a' Chathraiche cò dh'fhaodas bruidhinn agus bhòtadh aig coinneamhan a dh'aindeoin dè a dh'fhoillsicheas na buill.

11.4.1 **Com-pàirtean a Dh'fheumar Fhoillseachadh**

11.4.2 Faodaidh com-pàirtean a dh'fheumar fhoillseachadh a bhith ionmhasail no neo-ionmhasail. 'S dòcha gur e no nach e com-pàirtean a tha annta a tha ion-chlàraichte fon Chòd seo. 'S e com-pàirtean pearsanta Bhall a bhios anns a' chuid as motha de na com-pàirtean a dh'fheumar fhoillseachadh ach, aig amannan, feumaidh ball beachdachadh am bu chòir com-pàirtean neach eile a bhith air am foillseachadh.

11.4.3 **Com-pàirtean Ionmhasail**

11.4.4 Feumar com-pàirt ionmhasail sam bith a tha ion-chlàraichte fhoillseachadh. Ma tha ball, fo roinn 1 (no roinn 6 a thaobh com-pàirt neo-ionmhasail) ann an earrann 10 den Chòd seo, air com-pàirt a chlàradh mar Chomhairliche no mar bhall de Bhuidheann Poblach Tiomnaichte far a bheil a' Chomhairle no 's dòcha am Buidheann Poblach Tiomnaichte, air a' bhall ainmeachadh no fhasadh mar bhall de GMS feumar seo fhoillseachadh.

11.4.5 **Earrannan agus Bannan**

11.4.6 'S dòcha gum feum buill com-pàirtean ann an earrannan agus bannan fhoillseachadh, a thuilleadh air an fheadhainn ion-chlàraichte fo roinn 5 ann an Earrann 10 den Chòd seo. Faodaidh Buill, mar eisimpleir, rè cosnadh no fèin-fhastaidh, a bhith an sàs ann an toirt comhairle phròifeiseanta do neach le com-pàirtean a tha nan roinn de chùis ris am bi Bòrd GMS a' dèiligeadh.

11.4.7 Tha com-pàirt ion-fhoillsichte aig Buill far am bi buntainneas dìreach aig a' chom-pàirt ri cùis a thig air beulaibh Bòrd GMS ma tha earrannan aca ann an calpa roinn companaidh no buidhne eile agus ma tha luach nan earrannan:

- (a) barrachd air 1 sa cheud de chalpa roinn foillsichte a' chompanaidh no buidheann eile; no
- (b) barrachd air £25,000.

11.4.8 Chan fheum Buill fhoillseachadh ach ainm a' chompanaidh a-mhàin, chan fheum an seòrsa earrainn no a meud.

11.4.9 **Taighean, Talamh agus Togalaichean**

11.4.10 Feumar com-pàirt sam bith ann an taighean, talamh agus togalaichean a tha ion-chlàraichte fo roinn 4 earrann 10 den chòd seo fhoillseachadh, còmhla ri com-pàirtean co-ionann sam bith a thig am bàrr mar thoradh air deasbadan no iomairtean sònraichte GMS.

11.4.11 **Com-pàirtean Neo-Ionmhasail**

11.4.12 Ma tha com-pàirt neo-ionmhasail clàraichte aig ball fo roinn 6 ann an earrann 10 den chòd seo tha e no i air tuigsinn gu bheil e cudromach. Le sin thathar a' sùileachadh gum bi an com-pàirt seo air fhoillseachadh ma tha ceangal sam bith eadar cùis dom

feum Ball aire a thoirt mar bhall de GMS agus an com-pàirt a chaidh a chlàradh. Tha com-pàirtean neo-ionmhasail a' gabhail a-steach ballrachd no cumail dreuchd ann am buidhnean poblach, clubaichean, comainn, aonaidhean ciùird agus buidhnean eile a' gabhail a-steach buidhnean saor-thoileach. Bidh iad ion-fhoillsichte ma thig àm anns am faodadh buill den phoball smaoineachadh gum faodadh iad buaidh a thoirt air gnìomhan, òraidean no bhòtaichean Buill ann an co-dhùnaidhean Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

11.4.13 Faodaidh Buill a bhith nam buill de bhuidhnean eile mar thoradh air ainmeachadh no suidheachadh daingnichte le GMS no air sgàth gu bheil e na bhall de Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. Feumaidh Buill daonnan cuimhneachadh gu bheil math a' phobail a' coimhead ri foillseachd gu sònraichte far am faodadh com-pàirt a bhith roinnte eadar diofar ùghdarrasan poblach.

11.4.14 Bidh com-pàirtean prìobhaideach agus pearsanta eile aig Buill cuideachd agus faodaidh iad a bhith nam buill air buidhnean agus comainn, no ceangal a bhith aca riutha, air sgàth com-pàirtean prìobhaideach agus pearsanta Buill agus chan ann mar thoradh air a dhreuchd mar bhall de GMS. Ann an dàimh ri cùis shònraichte sam bith feumaidh ball co-dhùnadh am bu chòir com-pàirt neo-ionmhasail fhoillseachadh. Bu chòir do bhall com-pàirt fhoillseachadh mur eil iad den bheachd, anns an t-suidheachadh shònraichte, gu bheil an com-pàirt neo-ionmhasail no neo-chudromach. Ann a bhith a' tighinn gu beachd bu chòir do bhall beachdachadh am biodh an com-pàirt (a thaobh ceangail no dreuchd) air fhaicinn air dhòigh eile le ball den phoball ag obair gu reusanta.

11.4.15 **Com-pàirtean Dhaoine Eile**

11.4.16 Tha an còd seo ag iarraidh com-pàirtean Bhall a-mhàin a bhith air a chlàradh. Ach, 's dòcha gum feum ball beachdachadh am bu chòir dha no dhi com-pàirt fhoillseachadh ma tha fios aca gu bheil com-pàirtean ionmhasail aig an cèile no companach. 'S dòcha gum feum ball beachdachadh mar sin air sgàth fios gu bheil com-pàirt neo-ionmhasail sam bith aig cèile no companach. Feumaidh ball beachdachadh an saoiladh ball den phoball ag obair gu reusanta gun robh na com-pàirtean sin co-ionann ri com-pàirtean a' Bhuill fhèin a thaobh buaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air dleastanasan a' Bhuill do GMS.

11.4.17 'S dòcha gum feumar com-pàirtean a tha aithnichte do Bhall, gach cuid ionmhasail agus neo-ionmhasail, aig càirdean agus caraidean dlùth fhoillseachadh. Chan eil an còd seo a' feuchainn ri "càirdean" no "caraidean" a mhìneachadh. 'S e am prìomh phrionnsabal am feum air follaiseachd a thaobh com-pàirt sam bith (gun coimhead ri mìneachadh pongail air dàimh) a dh'fhaodadh ball den phoball, ag obair gu reusanta, fhaicinn comasach air buaidh a thoirt air dleastanasan Buill mar bhall de GMS.

12 **Earrann 12 –Foillseachadh**

12.1 Feumaidh ball beachdachadh cho luath 's ghabhas a bheil com-pàirt aca ri fhoillseachadh co-cheangailte ri cuspair sam bith air am bithear a' beachdachadh. Bu chòir do bhall beachdachadh a bheil clàran-gnothaich airson coinneamhan a' togail cùis foillseachadh com-pàirt sam bith. Feumar foillseachadh com-pàirt Buill a dhèanamh cho luath 's a ghabhas aig coinneamh far an tog an com-pàirt sin ceann. Ma chì ball gum feum com-pàirt a bhith air fhoillseachadh an dèidh dhaibh tòiseachadh a' deasbad a' chuspair shònraichte feumaidh iad an com-pàirt fhoillseachadh gun dàil.

12.2 Bu chòir foillseachadh com-pàirt ann an aithris beòil an gnothach no na gnothaichean dom buin e ainmeachadh. Bu chòir don aithris tòiseachadh le na facail "Tha mi a' foillseachadh com-pàirt". Feumaidh fiosrachadh gu leòr a bhith san aithris gus an tuig na tha an làthair an seòrsa com-pàirt a tha aig a' Bhall ach gun mhion-chunntas air a' chom-pàirt.

13 **Earrann 13 – Buaidh an Fhoillseachaidh**

13.1 Tha foillseachadh com-pàirt ionmhasail a' toirmeasg pàirt sam bith ann an deasbadan agus bhòtadh. Tha foillseachadh com-pàirt neo-ionmhasail ag iarraidh breithneachadh a bharrachd bhon Bhall. Feumaidh ball beachdachadh air an dàimh eadar na com-pàirtean a chaidh am foillseachadh agus an cuspair sònraichte air am bithear a' beachdachadh agus suidheachaidhean fa leth a bhuineas don chuspair shònraichte.

13.2 Ach 's i a' cheist, ann an suidheachaidhean sònraichte a bhuineas don chùis, agus leis an fhiosrachadh iomchaidh, an saoiladh ball den phoball ag obair gu reusanta gum faodadh e buaidh a thoirt air ball nan obair mar bhall de GMS agus le sin gum biodh e ceàrr pàirt a ghabhail ann an deasbadan no co-dhùnaidhean sam bith. Ma tha Ball a' faireachdainn nach biodh e ceàrr dhaibh a bhith an làthair, bu chòir dhaibh seo innse don Chathraiche a cho-dhùineas am bu chòir don neach seo pàirt sam bith a ghabhail san deasbad sin no a' choinneamh fhàgail fhad 's a bhios e a' dol air adhart.

14 **Earrann 14 - Tiodhlacan agus Aoigheachd**

14.1 Chan fhaod Buill aig àm sam bith tiodhlacan no aoigheachd a shireadh no iarraidh.

14.2 Tha e an urra ri Buill co-dhùnadh am bu chòir dhaibh tiodhlacan no aoigheachd a ghabhail agus le bhith gan gabhail a bheil cunnart gum mill e earbsa phoblach ann an GMS. Mar stiùireadh coitcheann, sa chumantas tha e iomchaidh an diùltadh ach a-mhàin:

- 14.2.1 aon thiodhlaic de luach neonitheach suas gu £10 no thiodhlaican ràitheil saora mar mìosachan no leabhar-latha, no nithean beaga eile don oifis;
- 14.2.2 aoiqeachd gnàthach co-cheangailte ri dleastanasan Buill agus a bhios air fhaicinn mì-iomchaidh a dhiùltadh mar cothroman air lìonraidhean a dhèanamh ri luchd-earrannan GMS no biadh còmhlà ri aon neach-earrainn cho fad 's a tha ceangal soilleir aige ri plana gnìomh GMS; no
- 14.2.3 thiodhlaican a fhuair eadh às leth GMS.
- 14.3 Sa chumantas cha bu chòir thiodhlaican no aoiqeachd de luach còrr air £200 a ghabhail.
- 14.4 Chan fhaod Buill thiodhlaic no aoiqeachd sam bith a ghabhail a dh'fhaodadh amharas reusanta a thogail gum biodh buaidh aige air a' Bhuill gus fàbhar, no mì-fhàbhar, a nochdadh do neach no buidheann sam bith. Bu chòir do Bhuill beachdachadh cuideachd am faodadh amharas reusanta sam bith a bhith ann gun toireadh thiodhlaic sam bith a gheibh an cèile no companach, no companaidh anns a bheil ùghdarras aca, no com-pàirteachas anns a bheil iad an sàs, buaidh air am breithneachadh. Tha am facal "thiodhlaic" a' gabhail a-steach sochairean mar faochadh bho fhiachan, lùghdachadh iasadan, no solar sheirbheisean aig prìs nas ìsle na phàigheadh a' mhòr-shluagh sa chumantas .
- 14.5 Chan fhaod Buill cumail orra a' gabhail aoiqeachd san aon àite gun ro-aonta bhon Chathraiche gu bheil e co-cheangailte ri obair.
- 14.6 Feumaidh Buill thiodhlaican agus aoiqeachd sam bith a gheibhear a chlàradh ach a mhàin an fheadhainn ann an 14.2.1 gu 14.2.3 agus feumaidh an clàr a chur gu sgrùdadh poblach.
- 14.7 A bharrachd air prionnsabal foillseachadh èigheachail, tha co-dhùnadh mu aoiqeachd a ghabhail an urra ri breithneachadh agus ionracas pearsanta. 'S dòcha gum bi Buill airson faighneachd don Chathraiche no don Cheannard mus gabh iad thiodhlaic no aoiqeachd sam bith gu h-àraidh ma tha e air a thabhann le neach no buidheann a gheibheadh buannachd bho ghnòthach ri GMS.

15 **Earrann 15 - Cosgaisean agus Siubhal**

- 15.1 Feumaidh Buill cumail ri riaghailtean sam bith aig GMS mu chunntas air cuibhreannan agus cosgaisean.

15.2 Chan fhaighear cosgaisean air ais ach a-mhàin ma tha an caiteachas reusanta agus deatamach às leth GMS. Feumaidh cuidhteasan, cho fad 's a ghabhas dèanamh, a bhith an cois foirmean tagraidh. Bu chòir tagraidhean a chur a-steach gun dàil.

15.3 Nuair a tha iad air gnothaich GMS, tha làn-chòir aig Buill air cosgaisean reusanta siubhail agus àite-fuirich. Bu chòir siubhal agus àite-fuirich a chur air dòigh tro Chlàireachas GMS.

16 **Earrann 16 - Riatanasan Dìomhaireachd**

16.1 Aig amannan 's dòcha gum feum ball dèiligeadh ri deasbadan, sgrìobhainnean no fiosrachadh eile co-cheangailte ri obair GMS ann an dìomhaireachd. Gu tric gheibh Buill fiosrachadh prìobhaideach nach eil fhathast air fhoillseachadh, no 's dòcha nach eilear an dùil fhoillseachadh. Feumaidh Buill daonnan am fiosrachadh sin a chumail dìomhair.

16.2 Chan eil e iomchaidh fiosrachadh fhoillseachadh a tha ri fhaotainn le ball, mar eisimpleir earrann bho sgrìobhainn dhìomhair, ann an cainnt no sgrìobhadh. A thaobh sgrìobhainnean agus fiosrachadh eile, thathar ag iarraidh air Buill an toinise a chleachdadh mu dè bu chòir agus nach bu chòir a bhith ri fhaotainn le buidhnean no daoine air an taobh a-muigh. Ach, cha bu chòir am fiosrachadh sin a chleachdadh aig àm sam bith airson buannachd pearsanta no ionmhasail, no ann an dòigh a bheireadh mì-chliù air GMS.

17 **Earrann 17 – Cleachdadh Goireasan GMS**

17.1 Chan fhaod Buill GMS mì-fheum a dhèanamh de ghoireasan, uidheam, stuthan-sgrìobhaidh, fòn agus seirbheisean, no an cleachdadh airson obair no iomairt pàrtaidh poileataigeach. Feumaidh cleachdadh nan uidheam agus seirbheisean, msaa sin a bhith ann an co-rèir ri poileasaidh agus riaghailtean GMS mu bhith gan cleachdadh.

17.2 Nuair a thig dreuchd gu crìch, feumaidh Buill gach nì a bhuineas do GMS a thilleadh.

18 **Earrann 18 – Cur an Dreuchd air Buidhnean Com-pàirteachais**

18.1 Faodaidh Buill a bhith air an cur an dreuchd, no air an ainmeachadh le GMS, mar bhall de bhuidheann eile. Ma thachras seo, tha Buill fo riaghailtean giùlain na buidhne sin agus bu chòir dhaibh cumail ri riaghailtean a' chòd seo ann an coileanadh dleastanasan na buidhne sin.

18.2 Gabhaidh buill a bhios nan stiùirichean air companaidhean mar dhaoine ainmichte GMS dleastanasan pearsanta fo Achdan nan Companaidhean. 'S dòcha gum bi strì eadar com-pàirtean nam Ball sin aig a' chompanaidh agus GMS. Tha e an urra ris a' Bhall comhairle a ghabhail mun dleastanasan don bhuidhinn phoblaich agus don chompanaidh. Gabhaidh seo a-steach ceistean mu fhoillseachadh com-pàirt.

19 **Earrann 19 – Coiteachadh agus conaltradh ri buill GMS**

19.1 Gus am faigh GMS air a ghealladh a choileanadh a bhith fosgailte agus so-ruigsinn, feumaidh e buidhnean agus daoine a bhrosnachadh gu com-pàirteachadh sa mhodh co-dhùnaidh. Ach, tha e soilleir gum feum an t-iarrtas airson com-pàirt a' phobaill agus bhuidhnean iomairt eile anns a' mhodh co-dhùnaidh aire a thoirt gum feumar dèanamh cinnteach gum bi follaiseachd agus ionracas ann an dòigh-obrach GMS.

19.2 Feumaidh Buill a bhith comasach air beachdachadh air fianais agus argamaidean bho iomadh seòrsa buidheann agus duine gus an dleastanasan a choileanadh gu h-èifeachdach. Bheir cuid de na buidhnean agus na daoine sin am beachdan do na Buill fa leth. Tha na riaghailtean anns a' chòd seo a' mìneachadh mar bu chòir do Bhuill an giùlan fhèin ma tha iad a' dèanamh gnothach ri daoine a dh'iarradh buaidh a thoirt orra.

19.2.1 **Riaghailtean agus Stiùireadh**

19.2.2 Chan fhaod Buill, ann an conaltradh ri neach no buidheann sam bith a bhios a' coiteachadh, nì sam bith a dhèanamh an aghaidh a' chòd seo no riaghailt bhuntainneach eile aig GMS no ullachadh reachdail sam bith.

19.2.3 Chan fhaod Buill, ann an conaltradh ri buidheann sam bith a bhios a' coiteachadh, a ghiùlan fhèin ann an dòigh a dh'fhaodadh mì-chliù a thoirt air GMS.

19.2.4 Feumar dearbhadh don phoball nach bi conaltradh no seirbheis nas fheàrr eadar Buill agus neach no buidheann sam bith mar thoradh air companaidh no neach a phàigheadh airson coiteachadh às an leth. Mar sin, chan fhaod Buill conaltradh no seirbheis nas fheàrr a thabhann no a thoirt do dhaoine a tha a' coiteachadh airson tuarastail às leth luchd-dèilige an coimeas ri na gheibh luchd-coiteachaidh no luchd-tagraidh sam bith eile. Agus cha bu chòir dòchas a thoirt do dhaoine a tha pàighte airson coiteachadh às leth luchd-dèilige gum faodadh iad conaltradh no seirbheis nas fheàrr fhaighinn an coimeas ri na gheibh luchd-coiteachaidh no luchd-tagraidh sam bith eile, bho bhall eile de GMS.

19.2.5 Mus dèanar nì sam bith mu luchd-coiteachaidh, bu chòir do bhall feuchainn ri bhith cinnteach cò an neach no buidheann a tha a' coiteachadh agus carson. Faodaidh Buill gluasad mar thoradh air neach no buidheann a' coiteachadh airson tuarastail às

leth luchd-dèilige ach tha e cudromach gum bi fios aig Buill air adhbhar a' choiteachaidh gus dèanamh cinnteach gus am bi nì sam bith a nithear co-cheangailte ris an neach-coiteachaidh a' cumail ri na h-inbhean air an comharrachadh anns a' Chòd seo.

19.2.6 Cha bu chòir do Bhuill obair phàighte sam bith a ghabhail:

19.2.6.1 a bhiodh a' ciallachadh gum biodh iad a' coiteachadh às leth neach no buidheann sam bith no luchd-dèilige neach no buidheann am bith;

19.2.6.2 airson seirbheisean ro-innleachd no comhairle, mar eisimpleir, a' toirt comhairle mun dòigh air buaidh a thoirt air GMS agus a Bhuill. Chan eil seo a' bacadh nam ball bho thuarastal airson obair a dh'fhaodadh a thighinn bho, no co-cheangailte ri, ballrachd GMS, mar naidheachdas no craoladh, no a bhith an sàs ann an obair riochdachaidh no taisbeanaidh, mar gabhail pàirt ann am buidheann riochdachaidh, co-labhairtean no tachartasan eile.

19.2.7 Ma tha ball iomagaineach mun dòigh no mu na modhan trom bheil neach no buidheann sam bith a' conaltradh riutha, feumaidh am ball stiùireadh iarraidh air GMS.

20 **Earrann 20 – Dion Dàta**

20.1 Airson adhbharan Achd Dion Dàta 1988 (mar a chaidh atharrachadh) tha Buill a' toirt an aonta airson a h-uile adhbhar ri cumail, làimhseachadh agus faighinn cothrom air dàta pearsanta a tha aig GMS mun deidhinn.

21 **Earrann 21 – Buailteachd Bhall**

21.1 Ged a tha dùil gum bi cùisean-lagha sam bith a thòisicheas treas pàrtaidh air an toirt an aghaidh a' Bhùird, ann an suidheachaidhean sònraichte dh'fhaodadh cùisean-lagha (catharra no, ann an cuid de chùisean, eucoireach) a bhith an aghaidh cathraiche a' bhùird no Buill fa leth eile. Mar eisimpleir, faodaidh ball den Bhòrd a bhith buailteach gu pearsanta ma bheir e no i cunntas foilleil no dearmadach a dh'adhbhraicheas call air treas pàrtaidh. Faodaidh Buill a' Bhùird a nì mì-fheum de fhiosrachadh a fhuair iad mar thoradh air an dreuchd a bhith buailteach fo lagh choitcheann no an lagh a bhriseadh fo reachdas malairt air an taobh a-staigh.

21.2 Ach, tha an Riaghaltas air comharrachadh nach fheum Buill fa leth den Bhòrd a tha air obrachadh gu h-onorach agus ann an deagh rùn coinneachadh ri buailteachd chatharra phearsanta a thig orra a-mach às an stòrais pearsanta ann am buileachadh no mar a shaoilear a bhuilich iad an gnìomhan don bhòrd, ach a-mhàin far an do dh'obraich an neach sin gu mì-chùramach.

21.3 Ma bhios ball iomagaineach mun chùis seo bu chòir dhaibh a thogail ris a' Chathraiche le sùil ri comhairle fhaighinn bho chomhairlichean laghail GMS.

22 **Earrann 22 – Cunntachalachd airson maoinen poblach**

22.1 Tha dleastanas aig Buill a' Bhùird dèanamh cinnteach gum bi maoinen poblach air an dìon - a bu chòir airson an adhbhair seo gabhail a-steach gach seòrsa cuidhteas bho chisean, chosgaisean agus thabhartasan msaa còmhla ri gleidheadh maoin bho airgead poblach. Feumaidh Buill a' Bhùird ceuman iomchaidh a ghabhail gus dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach GMS aig a h-uile àm cho cunntach, freagarrach agus èifeachdach 's a ghabhas, le làn aire do na h-ullachaidhean reachdail agus an stiùireadh Cunntasachd iomchaidh.

22.2 Tha uallach air Buill a' Bhùird airson dèanamh cinnteach nach tèid GMS taobh a-muigh nan cumhachdan no gnìomhan aige fhèin, eadar gu bheil iad air an comharrachadh ann an reachdas no nach eil, no tro chuingeadan sam bith air an ùghdarras airson caiteachais. Sa chumantas gheibh Buill comhairle air na nithean sin bhon Cheannard.

23 **Earrann 23 – Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan**

23.1 Mar phàirt den uallach aca airson stiùbhardachd maoinen poblach feumaidh Buill dèanamh cinnteach gun cuir GMS làn aithris mu chleachdadh nan stòrais sin anns an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan.

23.2 Bu chòir do Bhuill dèanamh cinnteach gu bheil an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan:

23.2.1 a' toirt mìneachadh iomlan air gnìomhan GMS;

23.2.2 ag innse na h-ìre a chaidh coinneachadh ri prìomh amasan ro-innleachdail agus cuimsean coileanaidh aontaichte a thaobh ionmhais agus eile;

23.2.3 a' toirt ainmean nam Ball agus an àrd-luchd-fastaidh aig a' Bhòrd aig an àm; agus mion-chunntas air tuarastal Buill a' Bhùird agus àrd-luchd-fastaidh; agus.

23.3 fiosrachadh mu chothrom air clàran com-pàirt nam Ball.

24 **Earrann 24 - An Ceannard**

- 24.1 Airson soilleireachd bu chòir do Bhuill a bhith mothachail gu bheil uallach air a' Cheannard airson eagrachadh, stiùireadh, agus luchd-obrach GMS san fharsaingeachd agus airson dòighean-obrach ann an cùisean ionmhasail agus eile, a' gabhail a-steach giùlan agus cronachadh. Tha seo a' gabhail a-steach adhartachadh tro stiùireadh agus cleachdadh nan luachan ann an *Seachd Prionnsabalan na Beatha Poblach* (Pàipear-taice A). Bu chòir do Bhuill a' Bhùird taic a thoirt don Cheannard anns na h-uallaichean sin.
- 24.2 Tha an Ceannard ainmiche cuideachd mar Oifigear Cunntasachd GMS. Mar Oifigear Cunntasachd 's ann air a' Cheannard a tha uallach airson cunntas agus rianachd air an stòras a tha fo stiùir GMS. 'S e brìgh na h-obrach seo gu bheil uallach air a' Cheannard airson freagarrachd agus cunbhalachd nam maoin nan poblach airson a bheil GMS cunntachail; cunntasan ceart a chumail; rianachd glic agus cunntach; ana-caitheamh agus mì-bhuileachadh a sheachnadh; agus cleachdadh comasach agus èifeachdach de gach stòrais a tha air uallach GMS. Tha uallach air an Oifigear Cunntasachd faicinn gu bheil comhairle iomchaidh air a thoirt don Bhòrd mu na cùisean sin gu lèir. Tha deagh choileanadh nan uallaichean sin bunaiteach ann an obair a' Cheannaird.
- 24.3 Tha uallach air a' Bhòrd airson sùil a chumail air coileanadh a' Cheannaird.

25 **Earrann 25 - Am Bòrd mar Fhastaiche**

- 25.1 Tha dleastanas corporra aig Buill Bòrd GMS dèanamh cinnteach gum bi GMS:
- 25.1.1 a' cumail ri gach reachdas cosnaidh buntainneach agus a' fastadh luchd-obrach le teisteanas iomchaidh a choileanas an dleastanasan a rèir nan ìrean àrda a tha GMS a' sùileachadh. Bu chòir don h-uile neach-obrach a bhith eòlach air prìomh chuimsean agus amasan GMS;
- 25.1.2 a' cleachdadh mhodhan stiùiridh a tha a' dèanamh feum de stòrais anns an dòigh as cunntaiche agus as èifeachdaiche;
- 25.1.3 a' cleachdadh riaghailtean airson fastadh agus stiùireadh luchd-obrach a tha a' toirt àite do chur an dreuchd agus adhartas a rèir airidheachd air stèidh cothrom co-ionann do gach tagraiche agus neach-obrach. Nuair a thathar a' lìonadh dreuchdan àrd-luchd-fastaidh, bu chòir don Bhòrd dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air raon iomchaidh de thagraichean le teisteanas, agus bu chòir dha daonnan coimhead ri farpais iomlan agus fhosgailte; agus
- 25.1.4 a' toirt cothrom iomchaidh don luchd-obrach, agus buill a' Bhùird fhèin, air comhairle bho eòlaichean agus cothroman trèanaidh gus am faigh iad air an dleastanasan a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.

SEACHD PRIONNSABALAN NA BEATHA POBLAICH**Neo-fhèinealachd**

Bu chòir co-dhùnaidhean dhaoine ann an dreuchd poblach a bhith a-mhàin airson math a' phobaill. Cha bu chòir dhaibh a thighinn gu co-dhùnaidhean airson buannachdan ionmhasail no corporra eile fhaighinn dhaibh fèin, an teaghlaichean, no an caraidean.

Ionracas

Cha bu chòir do dhaoine ann an dreuchd poblach iad fhèin a chur fo dhleastanas ionmhasail no eile do dhaoine no buidhnean air an taobh a-muigh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt orra ann an coileanadh an dleastanasan oifigeil.

Neo-eisimeileachd

Ann an coileanadh obair poblach, a' gabhail a-steach cur an dreuchd poblach, a' toirt chunnraidhean, no a' moladh dhaoine airson duaisean agus sochairean, bu chòir do dhaoine ann an dreuchd poblach roghainnean a dhèanamh a rèir airidheachd.

Cunntachalachd

Tha daoine ann an dreuchd poblach cunntachail airson an co-dhùnaidhean agus gnìomhan don phoball agus feumaidh iad gèilleadh do gach sgrùdadh a tha iomchaidh airson na dreuchd aca.

Fosgarrachd

Bu chòir do dhaoine ann an dreuchd poblach a bhith cho fosgailte 's a ghabhas mun h-uile co-dhùnadh agus gnìomh a nì iad. Bu chòir dhaibh adhbharan a thoirt airson an co-dhùnaidhean agus fiosrachadh a chuingealachadh a-mhàin ma tha e soilleir gu bheil e deatamach airson math a' phobaill.

Onair

Tha e mar dhleastanas air dhaoine ann an dreuchd poblach com-pàirtean prìobhaideach sam bith co-cheangailte rin dleastanasan poblach fhoillseachadh agus obrachadh gus strì sam bith a thig gu follais fhuasgladh ann an dòigh a tha a' dìon math a' phobaill.

Stiùireadh

Bu chòir do dhaoine ann an dreuchd poblach adhartachadh agus taic a thoirt do na prionnsabalan seo tro stiùireadh agus eisimpleir.

MÌNEACHAIDHEAN

Tha “**neach sam bith**” a’ gabhail a-steach daoine, buidhnean corpaichte agus neo-chorpaichte, aonaidhean ciùird, buidhnean carthannais agus buidhnean saor-thoileach.

Tha "**Bòrd**" a’ ciallachadh buill Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig air an cur an dreuchd le Ofcom fo earrann 1990 de Achd Craolaidh 1990.

Tha “**Companach**” a’ gabhail a-steach neach, den aon ghnè no a chaochladh, a tha a’ fuireach còmhla riut ann an dàimh co-ionann ri duine agus bean.

Tha "**Comataidh**" a’ ciallachadh fòram air a stèidheachadh leis a’ Bhòrd a bhios a’ toirt cunntas dìreach don Bhòrd mu chuid de chuspairean ro-shuidhichte.

Tha "**GMS**" a’ ciallachadh am buidheann air a stèidheachadh fo earrann 183 de Achd Craolaidh 1990 agus air ainmeachadh a-rithist fo earrann 208 de Achd Conaltraidh 2003 mar Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

Tha "**Ball**" a’ ciallachadh neach air a chur an dreuchd le Ofcom fo earrann 183 de Achd Craolaidh 1990 mar bhall de Bhòrd GMS.

Tha "**Ofcom**" a’ ciallachadh Oifis Conaltraidh mar a chaidh a stèidheachadh le earrann 1 de Achd Oifis a’ Chonaltraidh 2002.

Tha “**Tuarastal**” a’ gabhail a-steach gach tuarastal, cosnadh, earrann de phrothaidean, cìs, cosgaisean, agus sochair ann an airgead no bathar. Ghabhadh seo a-steach, mar eisimpleir, càr companaidh no cosgaisean siubhail bho fhastaiche.

'S e “**Gnothachas Co-cheangailte**” ceann-bhuidheann no fo-chompanaidh de phrìomh ghnothachas anns a bheil thu nad stiùiriche. Gheibh thu tuarastal airson a’ phrìomh ghnothachas ach chan fhaigh thu tuarastal mar stiùiriche a’ ghnothachais cho-cheangailte.

Chan eil “**Cèile**” a’ gabhail a-steach cèile a bha agad roimhe no cèile a tha a’ fuireach air leth agus sgaraichte bhua.

Tha "**am Bòrd**" a’ ciallachadh Bòrd Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig mar a chaidh a shuidheachadh le Ofcom

Tha “**Gnothachas**” a’ ciallachadh:

- a) buidheann corporra no com-pàirteachas; no
- b) comann neo-chorpaichte an sàs ann am malairt no gnìomhachais, le no gun sùil ri prothaid.